

FASGAIDHEAN ANDERSON

Sa Mhàrt 1940, chaidh ionad-stiùiridh a chur air bhonn ann an Leabharlann Bhruach Chluaidh, gus gum b' urrainn obair èiginneach mar smàladh theintean agus ciad chobhair a bhith air a co-òrdanachadh gu ceart, nan tigeadh ionnsaigh adhair air Bruach Chluaidh. Ged nach robh a' mhòr-chuid a' smaoineachadh gun deigheadh bomaichean a leagail air Bruach Chluaidh, bha fasgaidhean bho ionnsaigh adhair aig mòran theaghlaichean aig an àm seo. Bhiodh iad gan cleachdadadh còmhla ri nàbaidhean. Bha a' mhòr-chuid nam fasgaidhean Anderson a thàinig mar phasgan le 6 siotaichean stàilinn a bhiodh air an ceangal ri chèile le boltaichean agus air an cladhach pìos a-steach dhan talamh.

Seo mion-fhiosrachadh air fasgaidhean Anderson:

Nuair a bha iad air an togail, bha iad 6 troighean a dh'àirde, 4 troighean a leud, agus 6½ troighean a dh'fhaid. Bha iad ri dhol ann an sloc a bha 4 troighean a dhoimhne (agus le sin bhiodh iad tric fo thuil) agus cuideachd bha 15 òirlich de dh'ùir air an càrnadh air a' mhullach.

Lìbhrig a' Chomhairle na fasgaidhean, ach dh'fheumadh na daoine leis an robh na taighhean na fasgaidhean a thogail.

Bha na fasgaidhean an-asgaidh ma bha thu a' cosnadh na bu lughna £250 sa bhliadhna. Air neo bha iad a' cosg £6 14s no £10 18s.

Bhiodh cuid a' cur leapannan bunc annta, agus bhiodh cuid eile a' cadal air sèithrichean-tràghad.

Chaidh na fasgaidhean ainmeachadh air Sir John Anderson a bha na Rùnaire na Dùthcha ann an 1933 nuair a chaidh an sgaoileadh.

Thug am fasgadh dòn bho rud sam bith ach nam buaileadh boma dìreach ann.

